



Tiotal: Nad phàrant/neach-cùraim (2)

Pàirt 1: An atharraicheadh bèibidh mo bheatha? Dè dh'fheumas pàrantan/luchd-cùraim?

ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>'S urrainn dhomh mìneachadh cho cudromach 's a tha a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim, an dleastanas iomadh-fhillte agus maireannach a tha na chois agus a bhuaidh air roghainnean is taghaidhean beatha. HWB 4-51a</p> <p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh mìneachadh an taic a tha ri fhaotainn le pàrantan agus luchd-cùraim a tha a' coimhead às dèidh leanaban agus a' togail chloinne. HWB 4-51b</p>	A' mìneachadh far am faighear taic do phàrantan agus luchd-cùraim.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoin' òga ròl pàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoin' òga na dùblain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoin' òga a' bhuaidh a bhiodh aig pàiste air am beatha.
- Gun tuig daoin' òga cho cudromach 's a tha àrach agus cluich ann an adhartachadh pàiste.
- Gun ionnsaich daoin' òga cho cudromach 's a tha e a bhith a' sireadh cuideachadh agus taic mar phàrant.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu sgilean agus feartan pàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste aca fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu chuid de na dùblain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim agus mar a gheibhearr cuideachadh agus taic.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa pàrant/neach-cùraim a bhiodh annam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Baby Borrowers <https://youtu.be/uBFG-OeRwh4> (faid 19 mion. 16 diogan)
- What's it like being a young parent? (1 mhion. 33) <https://young.scot/ping/campaign-articles/video-whats-it-like/>
- The Highs and Lows of being a parent – 3 filmichean goirid de mu mhionaid a dh'fhaid: https://young.scot/ping/campaign-articles/videoa_leasachadh-highs-lows-1/
- Tha Young Scot ag obair còmhla ri pàrantan òga airson an eòlas fhaighinn agus airson deagh fhiosrachadh agus taic a leasachadh: <https://young.scot/ping>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒTA: Nuair a thathar a' bruidhinn mu bheatha teaghlaich no dachaigh, bidh eòlas aig an tidsear air suidheachaidhean pearsanta na cloinne. 'S dòcha gum feumar a bhith faiceallach mu dhaoin' òga sam bith a tha a' dèiligeadh ri iomagain no streas san dachaigh.

Obair

1. Tòisich le bhith ag innse dhan chlas: San leasan seo agus sna dhà eile a leanas, bidh na daoin' òga a' smaoineachadh mu bhith nam pàrant no neach-cùraim. Theirig thairis air na puingean san liosta seo:
 - Ann an cuid de theaghlaichean 's e athair no màthair na cloinne am prìomh neach-cùraim, agus ann am mòran theaghlaichean, bidh gabhail cùram agus togail chloinne ga dhèanamh le seanaphàrantan no le càirdean eile, le cèile ùr mam no dad, agus bidh cuid de chlann gan togail le pàrantan-dalta no uchd-mhacach. Gu sìmplidh - faodaidh inbheach sam bith ann an teaghlach pàiste a bhith nan neach-cùraim.
 - 'S dòcha gu bheil daoine òga mar-thà a' faireachdann gu làidir nach eil iad airson a bhith nam pàrant, agus tha sin ceart gu leòr cuideachd. Tha e coltach ge-tà gu bheil sinn uile dualtach clann a bhith againn nar beatha ann an dòigh air choreigin.
 - Gu bheil sinn a' bruidhinn mun seo an-dràsta (can aoisean an fheadhainn òg) chionn ge bith ciamar a tha daoin' òga a' faireachdann mu phàrantachd an-dràsta, bu chòir dhaibh tòrr smaoineachaидh a dhèanamh mus tig e gu bith.
 - Agus mu dheireadh – tha sin fior dhan h-uile duine, chan ann a-mhàin do bhoireannaich mar mhàthraighean ach cuideachd do dh'fhireannaich mar athraighean.
2. Cuir a' cheist seo ris a' bhuidheann/chlas: **A bheil sibh a' smaoineachadh gun atharraicheadh bëibidh ur beatha?** Faigh fios air ais agus brosnaich còmhradh. Tarraing fir òga a-steach dhan chòmhradh mura h-eil iad a' gabhail pàirt. **Ciamar a tha sibh a' smaoineachadh a bhiodh sibhse mar phàrant?** A-rithist airson còmhradh a thòiseachadh.
3. Thoir a-steach am film **Baby Borrowers** <https://youtu.be/uBFG-OeRwh4> (faid 19 mion. 16 diogan) Mus coimhead sibh am film, inns gur e prògram TBh agus deuchainn a th' ann far a bheil deugairean a tha nan cupallan (eile-sheòrsach) a' faighinn caodachan airson 's gum faigh iad cothrom feuchainn ri bhith mar phàrant/neach-cùraim feuch ciamar a thèid dhaibh. Às dèidh dhuibh am prògram a choimhead, iarr fios air ais agus beachdan air. Dh'fhaodar na ceistean seo fhaighneachd: *Ciamar a chaidh dha na cupallan? Dè a' bhuaidh a bh' aig an deuchainn air na dàimhean aca? Dè an diofar a bha eadar beachdan bhoireannaich òga an coimeas ri fireannaich òga – an robh gnè a' dèanamh diofar?*
4. **Nad phàrant òg.** Can gum bi cuid de dhaoin' òga nam pàrantan 's iad nan deugairean no goirid às a dhèidh. Inns gu bheil Young Scot air a bhith ag obair còmhla ri pàrantan òga airson faighinn a-mach cò ris a tha e coltach a bhith nad phàrant òg, agus cuideachd airson deagh fhiosrachadh agus taic a leasachadh do dhaoin' òga. Coimheadaibh air na filmichean goirid seo:
 - What's it like being a young parent? (1 mhion. 33) <https://young.scot/ping/campaign-articles/video-whats-it-like/>
 - The Highs and Lows of being a parent – 3 filmichean goirid de mu mhionaid a dh'fhaid: <https://young.scot/ping/campaign-articles/video-highs-lows-1/>Brosnaich beagan deasbaid às dèidh gach film no às dèidh dhuibh coimhead orra uile. Dh'fhaodadh tu faighneachd: *Tha na pàrantan òga a' bruidhinn air mar a bhios daoine neo-dheineach agus 'stiogma' dè tha iad a' ciallachadh leis an sin? Carson a bhiodh daoine mosach mu neach a bhith nam pàrant òg?*

Cuir crìoch air a' chòmhradh le bhith a' daingneachadh gum faod neach òg a tha nam pàrant leantainn orra (agus tha e cudromach gu bheil iad a' faireachdann gun urrainn dhaibh) le foghlam san sgoil no ann ancolaiste.

5. **Dè th' ann an deagh phàrantachd?** Cleachd an slàighd 'Deagh phàrantachd). San fhilm mu dheireadh tha Kerry ag ràdh, "You try so hard to be the perfect parent only to realise there is no perfect parent". Iarr air na daoin' òga obrachadh ann am buidhean beaga agus smaoineachadh mun cheist: *Chan eil pàrant sam bith foirfe, ach a bharrachd air eòlas air biadh agus cùram ceart, dè na riaghailtean a tha nam bunait de bhith nad dheagh phàrant?* Às dèidh còmhradh sna buidhnean, iarr fios air ais.
6. Seall na slàighdean mu dheireadh **10 prionnsabalan bunaiteach de dheagh phàrantachd**. Nuair a tha sibh a' dol air adhart, faic a bheil na daoin' òga airson (òrdag suas), an aghaidh (òrdag sìos) no a bheil ceist aca mu na molaidhean.

San leabhar aige tha an Dr Laurence Steinberg ag ràdh gu bheil **10 prionnsabalan de dheagh phàrantachd** ann.

Cò na molaidhean a tha thu airson no an aghaidh? Dè as cudromaiche dhutsa?

1. **Tha na nì thu cudromach:** Bidh a' chlann gad choimhead agus ag ionnsachadh bhuat.
 2. **Chan urrainn dhut cus gaoil a thoirt seachad:** Cha ghabh cus gaoil a thoirt do phàiste.
 3. **Bi nad phàirt de bheatha do phàiste.** 'S dòcha gum bi seo a' ciallachadh gum bi thu a' call a-mach no a' leigeil seachad rudan a tha thusa, thu fhèin, ag iarraidh a dhèanamh airson a bhith ann dha do phàiste.
 4. **Atharraich an dòigh pàrantachd agad mar a tha do phàiste a' fas nas sine agus ag atharrachadh.** Chan urrainn dhut na h-aon dòighean a chleachdadhi ri pàiste 8 bliadhna a dh'aois 's a bhiodh agad ri deugaire de 14 bliadhna.
 5. **Dèan riaghailtean agus cùm riutha.** Cuimhnich gun atharraich iad seo nuair a tha do phàiste a' fàs.
 6. **Cuidich do phàiste gus a bhith neo-eisimeileach.** Bi cùramach daonna agus cùm sùil ach thoir àite dha do phàiste.
 7. **Bi cunbalach.** No fàsaidh clann troimh-a-chèile agus bidh cus deasbaid ann.
 8. **Seachain smachd chruaidh.** Na bi mì-chothromach no mosach. Na buail pàiste aig àm sam bith.
 9. **Minich na riaghailtean agus co-dhùnidhean.** Tha ceistean math, ach feumaidh an t-inbheach a bhith soilleir carson a tha riaghailt na riaghailt, agus carson a chaidh co-dhùnad a dhèanamh.
 10. **Thoir spès dha do phàiste. Gheibh thu spès agus coibhneas air ais.**
7. Crìochnaich le bhith ag aideachadh gu bheil pàrantachd agus cùram chloinne iomadh-fhillte agus gum faod e bhith doirbh. Inns dhan chlas/bhuidheann gum bi sibh a' coimhead air cudromachd phàrantan agus luchd-cùraim sna h-ath sheiseanan.

Beachdan eile

Tha na goireasan-taic airson Foghlam Pàrantachd mar phàirt dhen ghoireas RSHP seo stèidhichte air obair a chaidh fhoillseachadh leis an Wave Trust fon ainm **Parenthood and Relationship Education Project: Raising the best generation of Scottish Parents**, air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'faodar an teacs seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo

Sna seiseanan a tha romhainn bidh sinn a' coimhead air pàrantachd mar phàirt dhen ionnsachadh againn air Curraicealam Dàimhean, Fallaineachd-feise agus Pàrantachd. Bidh daoin' òga a' smaoineachadh mun bhuaidh a bhiodh aig bòibidh air am beatha agus na dh'fheumas pàrantan airson a bhith èifeachdach. Bidh na daoin' òga a' coimhead air conaltradh, altram agus seasmhachd. Mu dheireadh, bidh iad a' coimhead air cho cudromach 's a tha cluich a thaobh adhartachadh chloinne agus sunnd agus gheibh iad a-mach mu bhogsa nam bòibidhean (Babybox).

Mar chlas coimheadaidh sinn air prògram bhon BhBC far a bheil daoin' òga a' gabhail àite phàrantan: **Baby Borrowers** <https://youtu.be/uBFG-OeRwh4>

Mar phàrant/neach-cùraim 's dòcha gum bi na làraich seo cuideachail dhuibh:

Communicating with Teens: stiùireadh practaigeach agus taic airson a bhith a bruidhinn ri deugaire:

https://www.relate.org.uk/relationship-help/help-family-life-and-parenting/parenting-teenagers/communicating-teens?gclid=EAIAIQobChMlw5nxveHO3AIVSbftCh2nHA7aEAMYAiAAEgK0jfD_BwE

Parent Line Scotland a' tabhann seirbheis an-asgaidh air fòn, post-d agus air-loidhne le taic agus cuideachadh diomhair do phàrantan no luchd-cùraim <https://www.children1st.org.uk/help-for-families/parentline-scotland/>

Parentzone a' toirt seachadh fiosrachadh mu sgoiltean agus foghlam:

<https://education.gov.scot/parentzone>

Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

- Nad phàrant: A' dèanamh ceangal ri agus ag altram do phàiste
- Nad phàrant: Cho cudromach 's a tha cluich/Am Babybox (Bogsa a' bhòibidh)

Notaichean Tidseir

